

Bòrd na Gàidhlig
Geàrr-chunntas Coinneamh a' Bhùird
Taigh Òsta Jurys, Inbhir Nis
08/05/2018 12.15 -15.30

Buill

Ailean Dòmhnallach (*Cathraiche*) (AD)
Ailean Caimbeul (AC)
Dòmhnall MacSuain (air a' fòn) (DMS)
Fiona Dunn (FD)
Jennifer Gilmour (JG)
Johan Nic a' Ghobhainn (JNG)
Joy Dunlop (JD)
Màiri T NicAonghais (MNA)

A' Frithealadh:

Shona NicIlinnein (Ceannard) (SNI)
Daibhidh Boag (DB)
Mona Wilson (MW)
Alasdair MacFhionghuin (AMF)
Carol NicIain (Clàradh)

1 CÙISEAN TÒISEACHAIDH

- a) Chuir an Cathraiche fàilte air a h-uile duine chun na coinneimh agus chaidh leisgeul a chlàradh bho Dhòmhnall MacLeòid agus Màiri Anna NicUalraig.

Chaidh a thogail le Buill gun robh barrachd ùine a dhith orra a thaobh a bhith a' faighinn pàipearan na coinneimh is chaidh aontachadh gun tèid an sgaoleadh co-dhiù seachdain ro àm na coinneimh bho seo a-mach.

b) A' NOCHDADH CHOM-PÀIRTEAN

Chaidh na com-pàirtean a leanas a chlàradh airson chuspairean a bha a' nochdadh air a' chlàr-ghnothaich

AC & JD - An Comunn Gàidhealach
MNA – Ceòlas
JNG – Comhairle nan Leabhraichean
DMS – Stòrlann

2 PLANA CORPORRA 2018-23

Thug AMF geàrr-chunntas do na Buill air a' phròiseas airson ullachadh a' Phlana Chorporra, a tha stèidhichte air amasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018 - 23. Chaidh cuireadh a thoirt do Bhuill beachdan a thoirt air an t-susbaint agus molaidhean a dhèanamh. Chaidh co-dhùnadh a dhèanamh gum biodh na h-atharrachaidhean sin air an cur gu AMF, le dreachd ùr ga h-ullachadh airson coinneamh a' Bhùird san Ògmhios.

Chaidh deasbad a chumail an uair sin air a' phròiseas airson ullachadh a' Phlana agus chaidh iarraidh air AMF coinneachadh ris an Roinn Mhaoineachaidh gus am beachdan fhaighinn air a' Phlana mus tèid an dreachd dheireannach dheth a chur air beulaibh a' Bhùird Stiùiridh airson aonta san Ògmhios.

Aon uair 's gum bi am Bòrd air aontachadh ris a' Phlana Chorporra, thèid a chur chun a' Mhinistear a' sireadh aonta.

Bha moladh ann a thaobh a bhith ag atharrachadh cruth na h-earrainn air Ionmhas gus am bi suidheachadh nas làidire ann a thaobh maoineachadh airson leasachadh na Gàidhlig.

Gnìomh:

- Bidh AMF ag ullachadh dreachd ùr den Phlana Chorporra a' gabhail a-steach bheachdan bho na Buill agus an Roinn Maoineachaidh, agus thig dreachd dheireannach den Phlana air beulaibh a' Bhùird Stiùiridh san Ògmhios.

3 PLANA GNÌOMH 2018-19

Mhinich AMF, ged nach eil feum air aonta Ministreil airson a' Phlana Ghnìomh, gum bi conaltradh ga dhèanamh leis an Roinn Mhaoineachaidh anns an aon dòigh agus a bhitheas leis a' Phlana Chorporra. Tha Prìomh Chomharran Coileanadh bhon Phlana Ghnìomh bhliadhna air an cleachdadh ann a bhith a' tomhas soirbheachadh a' Bhùird ann a bhith a' coileanadh nan amasan aca, a tha dlùth cheangailte ris a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23 agus Plana Corporra a' Bhùird 2018-23.

An dèidh deasbad air a' phlana seo, chaidh aontachadh gun cuireadh Buill na beachdan aca airson atharraichean is leasachaidhean air a' phlana ann am post-d gu AMF ro dheireadh na seachdain. Bidh AMF a' toirt cothrom don Roinn Mhaoineachaidh am beachdan a thoirt air an dreachd den phlana, agus thig dreachd dheireannach den Phlana air beulaibh a' Bhùird Stiùiridh san Ògmhios.

Gnìomh:

- Bidh AMF ag ullachadh dreachd ùr den Phlana Ghnìomh a' gabhail a-steach bheachdan bho na Buill agus an Roinn Maoineachaidh, agus thig dreachd dheireannach den Phlana air beulaibh a' Bhùird Stiùiridh san Ògmhios.

4 A' LÌBHRIGEADH A' PHLANA NÀISEANTA

Thug an Ceannard fiosrachadh do na Buill air a' phlana airson am Ministear, Iain Swinney, a bhith na chathraiche air Co-labhairt Àrd-Ìre san Lùnastal, le tiotal obrach "Ìre Fàis nas luaithe", far am bi Cathraichean agus Àrd-oifigearan nam Buidhnean Poblach a fhuair cuireadh an làthair leis gu bheil iad an sàs ann an leasachadh na Gàidhlig agus Foghlam Gàidhlig, agus leis an dòchas gun cuidich iad gus amasan a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig a choileanadh.

Nì am Bòrd molaidhean airson nam prìomh amasan, a' toirt stiùireadh soilleir don luchd-frithealaidh, a' tarraing air an eòlas agus na cùisean sa bheil ùidh aca. Thathar an dòchas gun tèid suas ri 4 iomairtean ùra a choileanadh aig an tachartas, le ro-innleachdan maoineachaidh co-obrachail rianail* air an aontachadh.

*a bheil seo a' ciallachadh "systematic" an seo?

Thèid toiseach tòiseachaidh airson an ullachaidh a dhèanamh còmhla ris an Roinn Mhaoineachaidh. Bithear cuideachd a' gabhail bheachdan bhon chruinneachadh de na prìomh bhuidhnean Gàidhlig maoinichte, is bu chòir do na beachdan sin a bhith clàraichte ron aithris Mhinistreil san Ògmhios.

Thathar ag iarraidh air Buill na beachdan aca a chur air adhart chun a' Chathraiche agus an Ceannard ro choinneamh an Ògmhios, far am bi fios às ùr air a thoirt seachad.

Gnìomhan:

- Tha aig na Buill ri molaidhean a chur a-steach mu iomairtean airson Àrd-choinneamh an Lùnastail chun a' Cheannaird agus an Cathraiche ro àm coinneamh a' Bhùird san Ògmhios.
- Thèid cuireadh a thoirt do na PBG gu coinneamh ann am meadhan an Ògmhios gus cuideachadh le bhith a' dèanamh sgrùdadh air leasachaidhean air an gabhadh beachdachadh aig a' Cho-labhairt san Lùnastal.
- Molaidhean a dhèanamh airson an fhiosrachaidh Mhinistreil aig deireadh an Ògmhios.

5 AONTAIDHEAN: Prìomh Bhuidhnean Gàidhlig (PBG) 2018-19

Sheall DB am moladh airson sìneadh a thoirt air a' mhaoineachadh airson nam PBG airson nan 6 mìosan den bhliadhna ionmhais 2018-19 a bha air fhàgail. Leigeadh sin leis a' bhuidheann na molaidhean aca ullachadh gu h-iomlan airson gluasad gu aontaidhean maoineachaidh 3-bliadhna a dh'fhaodadh a bhith ann eadar 2019-2022, stèidhichte air a' Phlana Cànan Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23.

Thug na Buill fa-near gum bu chòir na PBG a bhrosnachadh cuideachd gus cuideam a chur air taic a thoirt do na h-iomairtean ùra a thèid aontachadh aig àrd-choinneamh an Lùnastail.

B' fheudar dhuinn na molaidhean maoineachaidh eadar-amail seo a dhèanamh seach gun robh dàil ann le bhith a' cur crìoch air a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23, ach bhathar a' faireachdainn gun do thuig na buidhnean bhon choinneimh le DB agus an Ceannard aig deireadh an Fhaoilich 2018, gum biodh an gluasad gu maoineachadh 3-bliadhna (agus sin an crochadh air ìre an Tabhartais gus Cuideachadh a gheibh Bòrd na Gàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba) na atharrachadh math, agus e a' toirt cothrom dhaibh ionmhas a chur gu feum is obair leasachaidh a dhèanamh ann an dòigh nas èifeachdaiche.

Dh'aontaich na Buill ris na molaidhean agus tha aig DB ri innse do na PBG mun cho-dhùnadh seo, agus mun clàr-ama, agus tha aige ri cuireadh a thoirt dhaibh gu coinneamh nam PBG, ro choinneamh a' Mhinisteir anns an Lùnastal.

Dh'iarr an Cathraiche air na h-oifigearan dèanamh cinnteach gum bi na cùmhnantan airson maoineachadh 3-bliadhna a bheirear do na PBG air beulaibh a' Bhùird Stiùiridh aig a' choinneimh aca san Dùbhlachd agus thuirt e gun robh e an urra ri oifigearan clàr-ama is goireasan a chur air dòigh a thaobh a' chinn-latha sin gus dèanamh cinnteach nach biodh maill ann.

Gnìomhan:

- Tha aig DB ri fiosrachadh a thoirt do na PBG mun mhaoineachadh aca gu deireadh a' Mhàirt 2018-19, agus cuireadh a thoirt dhaibh gu coinneamh nam PGB san Ògmhios.
- Thèid clàr-ama ullachadh airson nan iarrtasan maoineachaidh ùra aig na PBG, gus an urrainn don Bhòrd Stiùiridh beachdachadh orra san Dùbhlachd.

6 GNÀTH-RIAGHAILTEAN BHÒRD NA GÀIDHLIG

Tha aig AMF ri molaidhean a dhèanamh don choinneimh aig BOR san Lùnastal, a' cleachdadh an eòlais aige gus feum a dhèanamh de dh'èisimpleirean de dheagh chleachdaidhean bho bhuidhnean poblach eile, a bhiodh iomchaidh gus leasachadh a dhèanamh air gnàth-riaghailtean Bhòrd na Gàidhlig. Aon uair 's gu bheil BOR air sùil a thoirt air na molaidhean gu mionaideach, bu chòir na molaidhean aca a bhith air an cur air beulaibh a' Bhùird airson aonta deireannach san t-Sultain.

Gnìomh:

- Nì AMF ath-dheasachadh air na Gnàth-riaghailtean airson coinneamh BOR san Lùnastal far an tèid beachdachadh orra.

7 CÒD GIÙLAIN BHÒRD NA GÀIDHLIG

Bhruidhinn AMF mun phàipear agus mhol e gum bu chòir cuireadh a thoirt do Choimisean nan Inbhean airson taisbeanadh a dhèanamh don Bhòrd mu na tha iad a' sùileachadh bho Bhuidhnean Poblach. Dh'iarrar air AMF an Còd Giùlain a dheasachadh airson coinneamh BOR san Lùnastal, agus ath-sgrìobhadh a dhèanamh air, airson gum faod BOR beachdachadh air, agus às dèidh nan atharrachaidhean sin bhiodh an Còd air a chur air beulaibh a' Bhùird san t-Sultain airson aonta deireannach.

Gnìomh:

- Nì AMF ath-dheasachadh air a' Chòd Ghiùlain airson beachdachadh air aig coinneamh BOR san Lùnastal.

8 MAOINEACHADH AIRSON 'AN T-ALLTAN'

Chaidh an co-dhùnadh a dhèanamh ann am post-d eadar coinneamhan gus maoineachadh airson an 'An t-Alltan' a dhèanamh na phàirt den chùmhnant 6-mìosan aig an Stòrlann. Thugadh fa-near gu foirmeil don cho-dhùnadh sin.

Aonta:

- Ghabh na Buill ris a' phàipear mar a chaidh a shealltainn.

9 PLANA GNÌOMH AIRSON PÀRANT CORPORRA 2018/21

Thug AMF geàrr-chunntas air dleastanas reachdail Bhòrd na Gàidhlig a thaobh Phàrantan Corporra, agus sinn a' cumail ris a' chomhairle bho "Who Cares? Scotland", agus sheall e aithisg adhartais bhliadhnail na bliadhna seo le fios air an adhartas a rinn sinn.

Tha earrannan anns a h-uile cùmhnannt a chaidh a thoirt do na PBG agus airson maoinachadh GLAIF a tha a' toirt iomradh air an dleastanas seo, agus tha sin a' cuideachadh le bhith a' clàradh agus a' dearbhadh adhartas. Feumaidh Buidhnean Poblach cuideachd ealla a ghabhail ri dleastanasan Phàrantan Corporra sna Planaichean Gàidhlig reachdail aca, agus tha e na phàirt de phròiseas measaidh nam Planaichean a-nis. Tha ceistean ann mu dhìomhaireachd a tha air duilgheadas adhbharachadh ann a bhith a' comharrachadh dhaoine òga aig am faodadh eòlas a bhith air suidheachadh cùraim, ach thèid dèiligeadh riutha sin tro cho-obrachadh nas motha leis na h-ùghdarrasan cùraim. Bidh na foirmichean-iarrtais maoinachaidh airson taic do Thidsearan a' gabhail a-steach ceist do thagraichean far a bheilear a' faighneachd dhaibh a bheil eòlas aca air a bhith ann an suidheachadh cùraim, agus tha roghainn aca a' cheist seo a fhreagairt no gun a fhreagairt.

Dh'aontaich na Buill ris a' mholadh san Ro-innleachd gus rannsachadh a dhèanamh air co-bhursaraidh co-cheangailte ri oileanaich anns an roinn seo le SMO.

Ghabh na Buill ris a' phàipear mar a chaidh a shealltainn.

Aonta:

- Ghabh na Buill ris an Ro-innleachd is Plana Gnìomh airson Pàrant Corporra 2018-21

Gnìomh:

- Thèid foirmichean-iarrtais airson a bhith a' fastadh luchd-teagaisg atharrachadh gus am bi ceist ann mu shuidheachadh cùraim do thagraichean.

CÙISEAN CRÌOCHNACHAIDH

Bidh am Bòrd a' coinneachadh san Ògmhios ann an Uibhist, far am bi cothrom ann coinneachadh ri buidhnean agus buill coimhearsnachd a tha an sàs ann an iomairtean Gàidhlig.

Thug an Cathraiche taing don a h-uile duine airson a bhith an làthair agus airson an taice agus thug e cùisean gu crìch aig 15.30.